

--	--	--	--	--	--

Total

--

**1220/402**

TEISTEANAS  
NÀISEANTA  
2007

FRIDAY, 25 MAY  
9.55 AM-10.35 AM

GÀIDHLIG  
An Ìre Choitcheann  
Meadhan Ìre  
Leughadh

**Fill in these boxes and read what is printed below.**

Full name of centre

--

Town

--

Forename(s)

--

Surname

--

Date of birth

Day Month Year

--	--	--	--

Scottish candidate number

--	--	--	--	--	--	--

Number of seat

--

Leugh gach earrann gu faiceallach agus freagair na ceistean air an earrainn sin.

Feuch ri na ceistean gu lèir a fhreagairt.

Comharraich bogsa  no sgrìobh freagairt anns a' bheàrn.

**Mus fàg thu seòmar na deuchainne feumaidh tu an leabhar seo a thoirt don fhreiceadan. Mur dèan thu seo tha thu ann an cunnart do chomharrайдhean air fad a chall.**

**Tha Earrann A agus ceistean air duilleagan 2, 3 agus 4.**

**Tha Earrann B agus ceistean air duilleagan 5, 6 agus 7.**



**EARRANN A**

Tha ùidh mhòr air a bhith agam ann an sreap bhon a bha mi nam oileanach agus tha mi air iomadh beinn ann an iomadh dùthaich fhaicinn. Nam bheachdsa, chan eil beinn air an t-saoghal cho brèagha ris a' Mhatterhorn. Nuair a fhuair mi cothrom a dhol ga sreap, cha b' e ruith ach leum leam! Bhon a' chiad mhionaid a chunnaic mi i, bha i gam tharraing. Bha a' ghrian a' dannsadh oirre is an sneachd mar bhrat-ùrlair geal.

Bha fadachd orm fhaighinn a-mach cò ris a bhiodh an sealladh coltach o mhullach na beinne. Mar sin, an dèidh dhomh trèanadh is fiosrachadh fhaighinn a mhair dà latha, rinn mi air a' Mhatterhorn, toilichte ach iomagaineach aig an aon àm.

'S ann air a' chrìoch eadar an Eilbheis is an Eadailt a tha a' bheinn, is bha againn ri töiseachadh ann an Zermatt, anns an Eilbheis. Chan fhaod thu draibheadh dhan bhaile sin oir tha càraichean toirmisgte ann is bha agam ri trèana fhaighinn. An dèidh dhomh àite-fuirich a lorg, ghabh mi grèim bìdh is chaidh mi dhan leabaidh tràth oir feumaidh tu a bhith air do chois gu math tràth ma tha thu ri sreap. Bidh an sneachda a' leaghadh feasgar agus tha e doirbh coiseachd an uair sin bhon a tha an t-slighe cas agus sleamhainn.

Tha e cudromach gum bi thu nad shreapadair comasach airson beinn mar seo a shreap oir faodaidh cùisean atharrachadh gu math luath. Cuiridh tu beatha dhaoine eile ann an cunnart mur bi thu faiceallach agus chuala mi sgeulachd no dhà air mo thuras a chuir gaoir tromham.

**CEISTEAN**

1. Dè beachd an ùghdair air a' Mhatterhorn?

gu bheil i ro chunnartach	
gur i a' bheinn as bòidhche	
gu bheil i coltach ris a h-uile beinn eile	

1

2. Cò ris a bha i coltach nuair a chunnaic e an toiseach i?

---



---

2

3. Dè, gu sònraichte, a bha e ag iarraidh fhaicinn?

---

---

2

4. Ciamar a bha e a' faireachdainn nuair a bha e deiseil airson sreap?

---

---

2

5. Innis càite a bheil a' bheinn.

---

---

---

3

6. (a) Dè an dòigh-siubhail a chleachd e airson Zermatt a ruighinn?

---

1

- (b) Carson a bha aige ri seo a dhèanamh?

---

---

2

7. Dè an t-adhbhar sònraichte a tha aig sreapadairean a bhith ag èirigh tràth?

---

---

---

3

8. Carson a dh'fheumas tu a bhith nad shreapadair comasach airson beinn mar seo a dhireadh?

---

---

2

[Tha ceist 9 air duilleag a ceithir

9. Dè dh'fhaodadh tachairt mur bi thu faiceallach?

---

---

2

(20)

[**Tha Earrann B air duilleagan 5, 6 agus 7**

**EARRANN B**

'S e amadan a bhiodh airson sreap gun eòlas is uidheamachd aige. Chan eil cus foighidinn aig an luchd-treòrachaidd mur eil comas agad. Chunnaic mi boireannach Iapanach na suidhe a' caoineadh a chionn gun robh duilgheadasan aice an ròpa aice a cheangal.

Gu h-àrd, tha a' bheinn a' fàs nas caise is nas duilghe. Feumaidh an ròpa agad a bhith ceangailte ri ròpa chuideigin eile gus beagan a bharrachd dòn a thoirt dha chèile. Tha na ròpan tiugh, sleamhainn, is doirbh an laimhseachadh aig an àm seo.

Mu dheireadh thall, sia uairean a thìde bhon a thòisich sinn, ràinig sinn am mullach, agus abair mullach! A dh'innse na firinne, tha dà mhullach air a' Mhatterhorn, agus tha iad ann an diofar dhùthchannan cuideachd!

Ged a bha sinn airson gabhail air ar socair, bha e na bu chudromaiche dhuinn cromadh gu sàbhailte. Bha ar fear-stiùiridh air innse dhuinn mun tubaist uabhasach a bha aig na ciad sreapadairean air a' Mhatterhorn nuair a bha iad a' tighinn far na beinne. Bha seachdnar anns a' bhuidhinn ach chaidh gnothaichean ceàrr orra agus thuit ceathrar aca gu am bàs.

Bha strì mhòr mun tubaist fad bhliadhna chan agus chaidh mòran a sgrìobhadh mun ghnothach ged nach d' fhuair duine a-mach a-riamh cò, no dè, bu choireach. Chì thu an ròpa briste fhathast ann an taigh-tasgaidh aig bonn na beinne mar rabhadh dhan a h-uile sreapadair a bhith faiceallach.

**CEISTEAN**

1. Dè tha aige ri ràdh mun luchd-treòrachaidd air a' bheinn?

---

---

2

2. Carson a bha am boireannach Iapanach a' rànaich?

---

---

2

3. Ciamar a tha an t-slighe ag atharrachadh nas fhaide shuas?

---

---

2

4. Ciamar a tha na sreapadairean gan dòn fhèin an seo?

a' ceangal nan ròpa còmhla	
a' sreap aig an aon àm	
a' gabhail fois airson mionaid	

1

5. Dè tha fior mu na ròpan aig àm mar seo?

---



---



---

3

6. (a) Dè cho fada 's a thug e am mullach a ruighinn?

---

1

- (b) Ciamar a tha mullach a' Mhatterhorn annasach?

---



---

2

7. Carson nach robh ùine aca gabhail air an socair?

---



---

2

8. Innis mun tubaist a bha aig a' chiad bhuidhinn a shreap am Matterhorn.

---



---

2

**[Tha ceist 9 air duilleag a seachd]**

9. Dè tha aig an sgrìobhadair ri ràdh mun ròpa bhriste a tha anns an taigh-tasgaidh?

---

---

---

3

(20)  
[40]

[*CRÌOCH A' PHÀIPEIR*]

**[DUILLEAG FHALAMH]**